

RUIDHIL.

AN DANNSA ' BHA 'SAN OBAN.

Edward Pursell.

Rann 1.

O thainig iad a Ceann Loch Aluinn 's fir an aiseig comhla riu,  
Thainig iad a Creag-an-iubhair, 's bucullan 'nam brogan;  
Thainig as an t-Sailein Mhuileach, b' iad na gillean aighearach,  
Seallaibh siod air cloinn nan sgadan, fiurain aotrom Bharraidh.

Seisd.

Mo luaidh air na seoid leis na sailtean daraich farumach,  
Ceannard is ceard ' gearradh leum gu ruig nan tarsnannan,  
Le breacan is crios orra 's curraicean is mogannan,  
Sud an dannsa fasanta, an dannsa ' bha 'san Oban.

Rann 2.

Gur iomadh fleasgach og a bh' ann is iomadh nighean fhabharach,  
Bodachan is ~~seana-mhath~~ <sup>Cailleach</sup> 's a h-uile te a' dannsadh  
'Dannsa Cruinn nan Sasunnach' 's 'Ruisg-an-Seileach' 's Ruidhleachan,  
'Trotan-Mall-an-t-Sionnaich agus' Cailleachan-an-Dudain.'

Rann 3.

Suas 'Fluraichean Duneideinn arsa Calum cridheil seoladair,  
'S ghabh e greim air banaraich ' bha sgiobalta 'na doighean;  
Dh'eirich Liosach mireagach a bha 'na sgiobair galanta,  
"Leig do sheol", arsa ' esan ris, " Nuair thig an 'Oighrig Mairi'."

Rann 4.

Bha tartar air an urlar agus cearcan air na tarsnannan,  
'S chuir an ceol air iteig sgròd bha gogaideach is gealtach;  
"Siug, Siug!" arsa ~~na~~ cailleachan, is "Diug, Diug!" arsa ~~na~~ bodachan,  
"Gog-gog-gogail" rinn na cearcan sporsail tha 'san Oban.

-----  
Words to Campbeltown Gaelic Choir for choral use only.